

Taic laghail chatharra - fiosrachadh airson luchd- tagraidh

Tha fiosrachadh san bhileag seo gach cuid
mu thaic laghail agus mu chomhairle is
cuideachadh

Luchd-lagha – feumaidh sibh a bhileag seo a thoirt do luchd-cleachdaidh
mus lìon iad a-steach bileag mu dhligeachd a thaobh maoinachaidh.

Tàbhachdach bhon Ghiblean 2010

lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Fios thugainn

CHA BHI sinn a' toirt seachad comhairle laghail

Loidhne-fiosrachaidh mu Thaic Laghail – cuiribh fios gu **0845 122 8686** gus an neach-lagha ri taic laghail as fhaisge oirbh a lorg, faighinn a-mach barrachd mu thaic laghail no gus bileag òrdachadh.

Làrach-lìn – **www.slab.org.uk**

(air an làraich againn tha fiosrachadh cuideachd mu na h-inbhean mu sheirbheisean againn). Ma bhios ceistean sam bith agaibh mu bhileagan a dh'fheumas sibh lionadh a-steach mun **dhlìgheachd a thaobh maoinachaidh** agaibh, cuiribh fios air an aonad-mheasaidh mhaoinachaidh againn air **0845 123 2330** (làithean tron t-seachdain 8.30-5f).

Thoiribh fa-near air adhbharan trèanaidh agus dearcnachaidh gur dòcha gun tèid conaltradh bhuaibh thugainn a chlàradh.

Oifisean Taic Laghail Chatharra

Faodaidh gun tèid agaibh air cuideachadh fhaotainn le cuid a dhuilgheadasan bho neach-lagha air fhastadh leis a' Bhòrd ann an tè de na h-Oifisean Taic Laghail Chatharra againn. Cha chuidich na h-oifisean seo ach daoine a tha airidh air taic laghail ach aig a bheil tàire mu thaic laghail no seirbheisean neach-lagha a lorg.

Làrach-lìn www.slab.org.uk/civiloffice

Obar Dheathain: cuiribh fios gu 0845 267 8077, post-dealain contact@pvs.slab.org.uk, 44 Sràid a' Chaisteil, Obar Dheathain, AB11 5BB.

Dùn Èideann: cuiribh fios gu 0131 240 1960, post-dealain info@pvs.slab.org.uk, 2mh Làr, 8 Ionad Phicardy, Dùn Èideann, EH1 3JT.

A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan: cuiribh fios gu 0845 123 2353, post-dealain mail@pvs.slab.org.uk, 2mh Làr, 16 Sràid an Aonaidh, Inbhir Nis, IV1 1PL

Earra-Ghàidheal agus Bòd cuiribh fios gu 01546 604 106, Oifisean Chomhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid, Cille Mhoire, Ceann Loch Gilb, PA31 8RT.

Ceanglaichean feumail eile

Tha comhairle ri faotainn an-asgaidh bho eagrachaidhean leithid Comhairle Shaoranach Alba (www.cas.org.uk), Ionadan Comhairle Airgid (www.moneyadvicescotland.org.uk) agus Fasgadh (a ghabhas gnothach ri ceistean mu thaigheadais, www.scotland.shelter.org.uk).

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Na bileagan againn

- Taic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh
- Iùl do luchd-dùbhlain ann an cùisean taic laghail chatharra
- Taic laghail do chloinn
- Iùl mu thaic laghail eucorach
- Gearanan is beachdan mu Bhòrd Taic Laghail na h-Alba
- Cothrom air fiosrachadh.

Clàr-innse

1. Dè a tha ann an cuideachadh laghail catharra?
2. Ciamar a lorgas mi neach-lagha a tha air a chlàradh gus cuideachadh laghail catharra a thoirt dhomh?
3. Comhairle is cuideachadh laghail
4. Taic laghail chatharra
5. Mas e nach eil mi airidh air comhairle is cuideachadh no taic laghail chatharra, ciamar a gheibh mi comhairle an-asgaidh?
6. Dè dh'fheumainn pàigheadh?
7. Dè na h-uallachaidhean a bhios orm?
8. Am faod mi an neach-lagha agam atharrachadh?
9. Am faod sibh taic laghail a tharraing air ais?
10. Dè ma mholas an neach-lagha agam obrachadh dhomh air a cheann fhèin no cosgais a chur orm fhad is a bhios taic laghail agam?
11. Dè ris a dh'fhaodas dùil a bhith agam bho Bhòrd Taic Laghail na h-Alba?
12. Dè ris a dh'fhaodas dùil a bhith agam bhon neach-lagha agam?

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

1 Dè a tha ann an cuideachadh laghail catharra?

Bidh cuideachadh laghail catharra a' cuideachadh dhaoine gus comhairle laghail is cuideachadh neach-lagha fhaotainn gus a' chùis chatharra aca a chur sa chùirt.

Faodaidh gum bi e an-asgaidh no faodaidh gum bi agaibh ri beagan a phàigheadh air a shon.

Eisimpleirean de chùisean catharra:

- dealachadh-pòsaidh agus cùisean eile a' bualadh air teaghlaichean agus air cloinn
- feuchainn ri airgead-diolaidh fhaotainn airson a bhith air a leòn an dèidh do sgiorrachadh tachairt no dearmadachd a thaobh leigheis
- cùisean-taigheadais mar mhàl no fhiachan mortgage, chàraidhean agus chur à seilbh
- fiachan agus còraichean mu shochair
- cùisean ceangailte ri imrich a-steach, nàiseantachd agus tèarmann.

Tha dà sheòrsa de chuideachadh ann:

• **Comhairle agus cuideachadh.** Tha seo a' cuideachadh a phàigheadh airson comhairle bho neach-lagha air cùis sam bith ceangailte ri lagh na h-Alba, catharra no eucorach - mar eisimpleir, a' feuchainn ri aimhreit a shocrachadh dhuibh gun dol gu cùirt. A bharrachd air a bhith a' toirt comhairle dhubh mun cheist a thog sibh, faodaidh an neach-lagha agaibh:

- comhairle a thoirt dhuibh ma tha argamaid laghail agaibh ri toirt air adhart
- feuchainn ri barganachadh leis a' phàrtaidh eile gus a' shocrachadh
- comhairle a thoirt dhuibh am bu chòir taic laghail iarraidh gus a' chùis a thoirt gu cùirt
- litrichean a sgrìobhadh no aithisgean fhaotainn dhuibh.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

• **Taic laghail chatharra.** (Seach nach eil a bhileag seo a' gabhail gnothaich ach ri cùisean catharra, nuair a nì sinn iomradh air "taic laghail", is e taic laghail chatharra a tha sinn a' ciallachadh.) Bidh seo a' cuideachadh gus an neach-lagha agaibh a phàigheadh gus gnìomh a dhèanamh dhuibh anns a' chùirt. Tha e a' gabhail a-steach obair an ullachaidh, a bharrachd air an èisteachd fhèin, agus faodaidh e maoinachadh a thoirt seachad airson luchd-tagraidh agus eòlaichean ma bhios feum orra.

Tha cuid a dhaoine aig a bheil feum air dìreach comhairle is cuideachadh, tha cuid eile ann nach eil ach taic a dhìth orra, agus tha feadhainn a tha feumach air an dà chuid. Bidh mòran dhaoine a' tòiseachadh air a' mhodh-obrachaidh laghail le comhairle is cuideachadh, agus an uair sin a' gluasad air adhart gu taic laghail.

Ma bhios feum agaibh air cuideachadh le cùis eucorach, faicibh a bhileag againn *lùl mu thaic laghail eucorach*. Gus fiosrachadh fhaotainn a thaobh mar a gheibh sibh cothrom air taic laghail mu chùisean a bhuineas do chloinn, faicibh a bhileag againn *Taic laghail do chloinn*. Leughaibh mar a gheibh sibh na bileagan seo air a' chòmhdach-aghaidh air an taobh a-staigh.

Mura bheil sibh airidh air comhairle is cuideachadh, is dòcha gum bi sibh fhathast airidh air taic laghail, agus vice versa – faighnichibh den neach-lagha agaibh mu dheidhinn seo.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

2 Ciamar a lorgas mi neach-lagha a tha air a chlàradh gus cuideachadh laghail catharra a thoirt dhomh?

Feumaidh sibh iarrtas a dhèanamh tro neach-lagha ri taic laghail. CHA BHI sinn a' toirt seachad comhairle laghail.

Dh'fhaodadh seo a bhith na neach-lagha ag obair air a cheann fhèin, ann an ionad-lagha no aig buidheann-comhairle eile, no ann an tè de na h-Oifisean Taic Laghail Chatharra againn.

Gus neach-lagha a lorg

- cuiribh fios don Loichne-fhiosrachaidh mu Thaic Laghail againn air 0845 122 8686
- tadhlaibh air an làrach-lìn againn www.slab.org.uk.

No

- Thoiribh sùil ann an leabhar nam fòn no cuiribh fios don Ionad Chomhairle Shaoranach as fhaisge oirbh.

Gus fiosrachadh fhaotainn mu Oifisean Cuideachaidh Laghail Chatharra a' Bhùird fhèin, faicibh an còmhdach-aghaidh air an taobh a-staigh.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

3 Comhairle is cuideachadh laghail

3.1 Ciamar a bhitheas mi airidh air airgead gus comhairle is cuideachadh fhaotainn?

Innsidh an neach-lagha agaibh ma tha sibh airidh.

Anns an fharsaingeachd, tha sibh airidh mas e:

- gu bheil luach nas lugha na sùim àraidh air an airgead air a chaomhnadh no càil sam bith air a bheil luach (**ach a-mhàin** an taigh anns a bheil sibh a' fuireach) a bhuineas dhuibh
- gum faigh sibh sochairean sònraichte
- gu bheil an teachd-a-steach gach seachdain a ghabhas caitheamh agaibh (an dèidh ur cuid bhilean is chuibhreannan) nas lugha na sùim air a socrachadh.

Bidh na h-ìrean socraichte agus na sochairean seo ag atharrachadh a h-uile bliadhna. Gus na h-àireamhan as ùire agus inneal-tomhais fhaotainn, faicibh an làrach-lìn againn www.slab.org.uk no cuiribh fòn don Loidhne-fhiosrachaidh mu Thaic Laghail againn air 0845 122 8686.

Gus comhairle is cuideachadh fhaotainn, cha bhi agaibh ri cuibhreann a phàigheadh à calpa (airgead air a chaomhnadh no mìrean air a bheil luach a bhuineas dhuibh), ach faodaidh gum bi agaibh ri fear dhiubh a phàigheadh à teachd-a-steach fhathast, a rèir na bhios sibh a' faotainn.

Bidh agaibh ri sealltainn nach eil cuideachadh ri fhaotainn dhuibh bho chuideigin eile, mar aonadh-ciùird, chompanaidh-àrachais no bhuidheann dhreuchdail.

3.2 Na nì sibh nuair a chì sibh neach-lagha gus comhairle is cuideachadh iarraidh

Tha e cudromach gun toir sibh fiosrachadh ceart don neach-lagha agaibh mun a tha agaibh a thaobh airgid: an teachd-a-steach, an t-airgead air a chaomhnadh agus an fheadhainn a tha an eisimeil oirbh (clann no daoine eile ris an cuir sibh taic). Feuch an toir sibh leibh:

- dearbhain-phàighidh a fhuair sibh o chionn ghoirid, no cunntasan mas ann air ur ceann fhèin a tha sibh air fastadh
- comhairle mu phàigheadh pheinnseanan bho fhasaidhear a bha agaibh no an leabhar-peinnsein no leabhar-shochairean agaibh
- litrichean mu bhuileachadh shochoirean no brathan
- fiosrachadh mu chaomhnadh is chunntasan – aithris bho bhanca/chomann-togalaich/oifis a' phuist no leabhar-ceadachaidh agus an leithid.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Mura nochd sibh an fhianais seo aig an toiseach, is dòcha gun tèid dàil a chur san iarrtas agaibh. Chan urrainn don neach-lagha agaibh tòiseachadh air a bhith ag obair dhuibh gus a bheil e cinnteach gu bheil am fiosrachadh a thug sibh mu t-suidheachadh a tha agaibh a thaobh airgid ceart.

Faodaidh gun sgrìobh an neach-lagha agaibh no am Bòrd gu daoine eile, leithid an fhastaidheir, a' bhanca agaibh no oifis sochairan an riaghaltais gus am fiosrachadh a thug sibh seachad a dhaingneachadh. Mura cuidich sibh ris na ceistean againn, bidh aig an neach-lagha agaibh ri sgur a dh'obair dhuibh agus bidh agaibh ri càil sam bith a phàigh sinn airson na cùise agaibh a thoirt air ais dhuinn.

Ma tha sibh pòsta no a' fuireach còmhla ri cèile, bidh feum aig an neach-lagha agaibh air an aon fhiosrachadh mun teachd-a-steach is mun chaomhnadh aca cuideachd, nas lugha na:

- tha sibh dealaichte
- is e/i an neach leis a bheil duilgheadas laghail agaibh
- nach biodh e ceart no gum biodh e tuilleadh is doirbh a leithid a dhèanamh.

3.3 Dè thachras ma thèid comhairle is cuideachadh a dhiùltadh dhomh?

Mura bheil sibh airidh air comhairle is cuideachadh, is dòcha gum bi sibh fhathast airidh air taic laghail, agus vice versa – faighnichibh den neach-lagha agaibh mu dheidhinn seo.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

4 Taic laghail chatharra

4.1 Dè na chòmhdhaicheas taic laghail?

Mas e nach fhuasgail comhairle is cuideachadh an duilgheadas agaibh agus gum bi agaibh ris a' chùis agaibh a thoirt gu cùirt, faodaidh gum bi agaibh ri taic laghail iarraidh.

Chan urrainn don neach-lagha agaibh ur riochdachadh anns a' chùirt airson cuid a chùisean, mar eisimpleir:

- tagraidhean beaga air nas lugha na £3,000, nas lugha na tha leòn pearsanta an lùib an tagraidh
- cuid a chùisean ceangailte ri briseadh-creideis.

Faodaidh, ge-tà, gun tèid aige air comhairle a thoirt dhuibh mun deidhinn seo le comhairle is cuideachadh.

4.2 Ciamar a bhitheas mi airidh airson taic laghail fhaotainn?

Lìonaidh sibh fhèin agus an neach-lagha agaibh bileagan-iarrtais a-steach mun chùis agus mun t-suidheachadh agaibh a thaobh airgid, agus cuiridh sibh thugainn iad. Nì sinn measadh air an iartas agaibh an uair sin.

Gus taic laghail a bhuileachadh, bidh againn ri obrachadh a-mach:

- gu bheil sibh airidh a thaobh airgid
- gu bheil bunait laghail ris a' chùis agaibh (air a bheilear a' gabhail "adhbhar coltach")
- gu bheil e reusanta feum a thoirt à maoin phoblach mar thaic ris a' chùis agaibh - mar eisimpleir, is dòcha nach bi e reusanta taic laghail a bhuileachadh mas e nach eil airgead sam bith aig an neach a tha sibh a' feuchainn ri thoirt gu lagh; cosgaidh a' chùis agaibh fada a bharrachd na a luach; gur coltach nach soirbhich leibh; gu bheil sibh a' cur feum air a' chùirt cheàrr, no nach do ghabh sibh beachd iomlan air dòighean eile gus an duilgheadas fhuasgladh, mus tèid sibh gu cùirt.
- nach eil cuideachadh ri fhaotainn dhuibh bho chuideigin eile - mar aonadh-ciùird, chompanaidh-àrachais (faodaidh gum bi cùisean sònraichte air an còmhdach le, can, àrachas lion an taighe no a' chàir agaibh) no buidheann dhreuchdail.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Tha cuid a dhaoine nach bi a' pàigheadh dad gus taic laghail fhaotainn, faodaidh gum bi aig feadhainn eile ri beagan a phàigheadh air a son, agus tha feadhainn nach biodh airidh oirre a thaobh airgid idir ann.

Bidh seo a rèir air an teachd-a-steach is a' chalpa bhliadhnail (airgead air a chaomhnadh agus mìrean a bhuineas dhuibh) agus, ma bhios e freagarrach, aig a chèile agaibh. Bidh na h-ìrean seo ag atharrachadh a h-uile bliadhna - thoiribh sùil air an làrach-lìn againn www.slab.org.uk airson nan àireamhan as ùire agus inneal-tomhais fhaotainn no cuiribh sgairt air an Loidhne-fhiosrachaidh againn air 0845 122 8686.

4.3 Dè na bileagan a bhios agam ri lìonadh a-steach mu bhith airidh a thaobh airgid?

Bheir an neach-lagha agaibh bileag ri lìonadh a-steach dhuibh a rèir an teachd-a-steach (mar thuarastal no shochairan) a bhios sibh fhèin (agus, ma bhios e freagarrach, an cèile agaibh) a' faotainn. Bidh a' bhileag a' tighinn le iùl a chuidicheas sibh gus a lìonadh a-steach. Tha e cudromach gun leugh sibh an t-iùl gu faiceallach agus gun lean sibh ris. Mura dèan sibh a leithid, dh'fhaodadh e dàil a chur a thaobh taic laghail fhaotainn no fàgail gun diùlt sinn an t-iarrtas agaibh.

Faodaidh sibh fios a chur air an aonadh-mheasaidh airgid againn (faicibh an còmhach-aghaidh air an taobh a-staigh) ma bhios ceistean sam bith agaibh mu bhith airidh a thaobh airgid.

4.4 Dè ma bhios feum agam air obair anns a' bhad?

Mus dèan sinn co-dhùnadh am faod sinn taic laghail a thoirt dhuibh, faodaidh gum bi e comasach don neach-lagha agaibh obair a dhèanamh ann an èiginn às ur leth sa chùirt - mar eisimpleir, òrdan iarraidh a chuireas casg air cuideigin a bhith a' dèanamh ionnsaigh oirbh. Faodaidh, ge-tà, gum bi agaibh ri ar pàigheadh airson na h-obrach seo fhathast.

4.5 Am bi fios aig an neach-dùbhlain anns a' chùis agam gun do dh'iarr mi taic laghail?

Nuair a gheibh sinn an t-iarrtas agaibh, leigidh sinn fios mar as trice don neach-dùbhlain agaibh gu bheil sibh air taic laghail iarraidh, nas lugha na:

- dh'iarr an neach-lagha agaibh oirnn gun a dhèanamh, agus
- dh'aontaicheas sinn gu bheil seo iomchaidh (mar eisimpleir, ma dh'fhuiling sibh fo ainneart aig an taigh no gu bheil an coltas ann gum faodadh an neach-dùbhlain agaibh a' mhaoin aca a chur air falbh ma bhios fios agaibh gu bheil sibh air taic laghail iarraidh)
- nach eil fios càite bheil an neach-dùbhlain agaibh.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Lionaidh an neach-lagha agaibh “aithris reachdail” a-steach. Tha seo a’ nochdadh dè air a shon a tha an t-iarrtas agaibh airson taic laghail fhaotainn. Cuiridh sinn lethbhreac den aithris sin don neach-dùbhlain agaibh, ma bhios e iomchaidh, ach cha nochd sinn fiosrachadh sam bith eile mur deidhinn.

Tha a’ chòir aig an neach-dùbhlain fiosrachadh mun chùis no adhbharan eile nach bu chòir dhuibh taic laghail fhaotainn a thoirt dhuinn. Is e na thathar a’ gabhail air seo “riochdachadh”. Gabhaidh sinn beachd air riochdachadh an neach-dùbhlain agaibh agus, ma bhios feum air, nì sinn barrachd sgrùdaidh. Dh’fhaodadh seo fàgail gun toir e nas fhaide dhuinn co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas agaibh.

Leigidh sinn fios mar as trice don neach-dùbhlain agaibh co dhiubh a tha sinn air taic laghail a thoirt no a dhiùltadh.

Faodaidh an neach-dùbhlain agaibh innse dhuinn uair sam bith sa chùis agaibh ma tha atharrachadh sam bith air a bhith ann a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air taic laghail a bhuileachadh. Ach bidh sinn ag iarraidh oirbh beachdan a nochdadh mu na dh’innis an neach-dùbhlain agaibh dhuinn, ma bhios sinn a’ meòrachadh air an taic laghail agaibh a tharraing air ais.

4.6 Dè thachras ma dhiùltas sibh taic laghail?

Innsidh sinn dhuibh agus don neach-lagha agaibh carson. Tron neach-lagha agaibh, faodaidh sibh iarraidh oirnn breithneachadh às ùr air a’ cho-dhùnadh againn. Innsidh an neach-lagha agaibh dhuibh dè na roghainnean a tha romhaibh.

Is dòcha gum bi an neach-lagha agaibh deònach gabhail ris a’ chùis agaibh le bhith a’ cur cosgais oirbh aig an ìre aige fhèin (faicibh earrann 10).

4.7 Ma dhiùltas sibh taic laghail, am faod mi iarrtas a dhèanamh a-rithist?

Faodaidh. ma tha an suidheachadh agaibh air atharrachadh no ma thèid agaibh air fiosrachadh ùr a thoirt mun chùis agaibh, is dòcha gun gabh sinn co-dhùnadh eadar-dhealaichte.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

5 Mura bheil mi airidh air comhairle is cuideachadh no taic laghail chatharra, ciamar a gheibh mi comhairle an-asgaidh?

Tha comhairle shaor ri faotainn bho eagrachaidhean leithid Comhairle Shaoranach Alba, Ionadan-comhairle Airgid no Fasgadh (a ghabhas gnothach ri ceistean mu taigheadas). Faicibh an còmhdach-aghaidh air an taobh a-staigh airson fios.

Faodaidh cuideachd gum faigh sibh cuideachadh tron aonadh no tron luchd-àrachais agaibh.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

6 Dè dh'fheumainn pàigheadh?

6.1 A bheil cuideachadh laghail catharra an-asgaidh?

Chan eil cuideachadh laghail an-asgaidh an-còmhnaidh. Faodaidh gum bi e an-asgaidh no gum bi agaibh ri beagan den chosgais air a shon a phàigheadh mas e:

- gu bheil an teachd-a-steach agaibh – agus, gus taic laghail fhaotainn, airgead air a chaomhnadh agus calpa eile (mìrean air a bheil luach a bhuineas dhuibh fhèin) os cionn ìre shònraichte (is e *tabhartas* a ghabhas sinn air seo agus faodaidh gum faigh sibh air ais beagan dheth aig deireadh na cùise mura bi feum againn air a h-uile dad dheth gus cosgais na cùise a phàigheadh)
- gun glèidh sibh no gun coisinn sibh sìon (airgead no seilbh) mar thoradh air an taic laghail no comhairle is cuideachadh a fhuair sibh
- gun caill sibh a' chùis – faodaidh gum bi agaibh ri cosgaisean an neach-dùbhlain agaibh a phàigheadh. Pàighidh sinn bile an neach-lagha agaibh. Ach tha uallach oirnn feuchainn ris an t-airgead a phàigh sinn fhaotainn air ais.

Airson comhairle is cuideachadh gus na cosgaisean a chòmhdach, cleachdaidh sinn:

- an toiseach, tabhartasan sam bith a phàigheas sibh (faicibh earrann 6.3) – a bhios an crochadh air an teachd-a-steach agaibh
- san dara h-àite, cosgaisean sam bith a phàigheas an neach-dùbhlain agaibh
- san treas àite, mura bheil a' chiad dà rud gu leòr, cuid no iomlan an airgid no na seilbhe a bhuannaicheas no a ghleidheas sibh (air a bheilear a' gabhail "cladhach air ais" – faicibh earrann 6.4) nas lugha na thèid agaibh air sealltainn gun d'rachadh teinn mhòr a chur oirbh nan d'rachadh a leithid a dhèanamh
- sa cheathramh àite, mura bheil na trì rudan an toiseach gu leòr, a' mhaoin againn fhìn.

Ma bhios agaibh ri sùim air choreigin a phàigheadh, bidh sibh a' pàigheadh an neach-lagha agaibh gu dìreach airson comhairle is cuideachaidh. Cha dèan e obair ach suas gu crìoch-airgid shònraichte le comhairle is cuideachadh, no faodaidh iad cead iarraidh dol thairis air na h-ìrean seo.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Gus an còmhdach taic laghail na cosgaisean, cleachdaidh sinn:

- an toiseach, cosgaisean sam bith a phàigheas an neach-dùbhlain agaibh
- san dara h-àite, tabhartas sam bith a dh'fheumas sibh pàigheadh dhuinn
- san treas àite, mura bheil a' chiad dà rud seo gu leòr, cuid no iomlan an airgid no na seilbhe a bhuannaicheas no a ghleidheas sibh (faicibh earrann 6.4)
- sa cheathramh àite, mura bheil iad seo gu leòr, a' mhaoin againn fhìn.

Chan urrainn dhuinn tabhartasan sam bith a phàigheadh air ais gus am faigh sinn airgead bhon neach-dùbhlain agaibh, nas lugha na tha sibh air barrachd a phàigheadh dhuinn na na phàigh sinn don neach-lagha agaibh.

Uaireannan, faodaidh gun toir an neach-dùbhlain agaibh ùine fhada gus na cosgaisean a phàigheadh no nach pàigh e na cosgaisean idir. Agus mas e gum faigh an neach-dùbhlain agaibh taic laghail cuideachd, faodaidh gun lùghdaich a' chùirt na tha aige ri pàigheadh. Mura pàigh an neach-dùbhlain, no mura ruig na phàigheas e air cosgais na taice laghail a thug sinn dhuibh, bidh againn ri feum a thoirt à tabhartasan agus à seilbh a bhuannaicheas no a ghleidheas sibh.

6.2 Mas e gun caill sibh a' chùis

Cha ruig an taic laghail air cosgaisean an neach-dùbhlain agaibh. Mar sin dheth, mas e gun caill sibh a' chùis agaibh, faodaidh gun tèid iarraidh oirbh cuid no iomlan cosgaisean an neach-dùbhlain agaibh a phàigheadh. Feumaidh sibh an leithid a chosgaisean a phàigheadh sibh fhèin – chan urrainn dhuinne am pàigheadh. Seach gu bheil sibh air taic laghail fhaotainn, faodaidh sibh iarraidh air a' chùirt an t-sùim a tha agaibh ri pàigheadh a lùghdachadh.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

6.3 Tabhartasan

Ma bhios agaibh ri tabhartas a phàigheadh, bidh an t-sùim an crochadh air an teachd-a-steach a ghabhas cosg, airgead air a chaomhnadh agus maoin a tha agaibh. Bidh sinn a' tomhas teachd-a-steach bho cheann-latha an iarrtais agus calpa (airgead air a chaomhnadh agus mìrean air a bheil luach a bhuineas dhuibh) fhad is a mhaireas a' chùis agaibh.

Airson barrachd fiosrachaidh mu cho tric is a bhios agaibh ri pàigheadh, agus meud nan cuibhreannan, faicibh an làrach-lìn againn www.slab.org.uk no cuiribh fios air an aonad-mheasaidh airgid againn.

Airson **comhairle is cuideachaidh**, bu chòir don neach-lagha agaibh innse dhuibh aig toiseach na cùise agaibh:

- na bhios agaibh ri pàigheadh, ma bhios càil ann
- ma dh'fhaodas gum bi agaibh ri pàigheadh à airgead sam bith a ghleidheas no a bhuannaicheas sibh.

Airson **taic laghail**, bu chòir gun tèid aig an neach-lagha agaibh air innse dhuibh gur dòcha gum bi agaibh ri càil a phàigheadh. Ach ma nì sinn co-dhùnadh taic laghail a thoirt, innsidh sinn dhuibh:

- dè an tabhartas a bhios agaibh gu cruinn, ma bhios càil, (bidh sibh a' pàigheadh seo dhuinn fhìn)
- an fhaid a dh'fhaodas sibh toirt gus pàigheadh.

Mar as trice, faodaidh sibh tabhartasan a phàigheadh ann an cuibhreannan mìosail. Anns an fharsaingeachd, mar as motha a bhios agaibh ri pàigheadh, is ann as fhaide a bhios an ùine a bheir sinn dhuibh.

Ma tha an tabhartas agaibh air a stèidheachadh air a' chalpa agaibh (airgead air a chaomhnadh agus mìrean air a bheil luach a bhuineas dhuibh), iarraidh sinn oirbh mar as trice gum pàigh sibh seo ann an aon chnap còmhla.

Nuair a nì sibh iarrtas, tha e cudromach gun iarr sibh air an neach-lagha agaibh tomhas a dhèanamh agus innse dhuinn mu na cosgaisean as coltaiche a bhios an lùib na cùise agaibh. Faodaidh gun caomhain seo airgead oirbh, seach gun urrainn dhuinn tabhartas sam bith a dh'fheumas pàigheadh a chuibhreachadh ris an t-sùim a thomhais an neach-lagha agaibh.

Ach mas e gun cosg a' chùis barrachd na an tomhas air a' cheann thall, obraichidh sinn a-mach an t-sùim a bharrachd a dh'fheumas sibh pàigheadh. Faodaidh gum faigh sibh cuid den tabhartas agaibh air ais ma chosgas a' chùis nas lugha na na phàigh sinn dhuinn, no mas e gum faigh sinn cuid de na cosgaisean air ais bhon neach-dùbhlain agaibh.

Ma tha sibh den bheachd gun do thomhais sinn an tabhartas agaibh ceàrr, faodaidh sibh iarraidh oirnn beachd a ghabhail air a-rithist.

lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Dè ma bhios tàire agam le pàigheadh?

Innsibh dhuinn gun dàil ma bhios tàire agaibh le pàigheadh, ach am faod sinn feuchainn ri cuideachadh thoir dhuibh. Ma thèid agaibh air sealltainn gun deach an suidheachadh agaibh a thaobh airgid am miosad, faodaidh gun tèid againn air an t-sùim a dh'iarraas sinn oirbh pàigheadh a lùghdachadh.

Dè mura pàigh mi an tabhartas agam, ma chailleas mi pàighidhean no ma dh'atharraicheas mi m' inntinn?

Stadaidh an taic laghail agaibh. Tha seo a' ciallachadh gum bi aig an neach-lagha agaibh ri stad a dh'obair às ur leth fo thaic laghail. Gus ruigsinn air cosgais na cùise agaibh, bidh agaibh fhathast ris a' chòrr den tabhartas agaibh, no an t-sùim a phàigh sinn don neach-lagha agaibh a phàigheadh, a rèir cò am fear as lugha dhiubh.

6.4 Seilbh air a buannachadh no a air a gleidheadh agus “cladhach air ais”

Tha “seilbh” a' ciallachadh càil sam bith a ghabhas buntainn dhuibh, mar thaigh, rudeigin eile air a bheil luach, no airgead.

Mas e, mar thoradh air comhairle is cuideachadh, no taic laghail, fhaotainn, gum faigh sibh seilbh air choreigin nach robh agaibh roimhe, bidh sibh air a “gleidheadh” no a “h-aiseag”.

Ma chumas sibh seilbh air choreigin a dh'fheuch cuideigin ri toirt air falbh bhuaibh, bidh sibh air a “cumail” no a “gleidheadh”.

Nam measg seo, tha:

- taigh
- roinnean
- polasaidhean-beatha
- airgead a phàigheas an cèile agaibh nuair a dhealaicheas sibh no a bheir sibh com-pàirteachas sìobhalta far a chèile
- sùim a phàigh an t-Ùghdarras ri Diòladh mu Leòn Eucorach
- airgead-diolaidh bho àite sam bith eile.

Is dòcha gum bi agaibh ri cuid no iomlan a phàigheadh dhuinn a ruigsinn air na phàigh sinn don neach-lagha agaibh. Is e na thathar a' gabhail air seo uaireannan “cladhach air ais”.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Bu chòir dhuibh iarraidh air an neach-lagha agaibh:

- innse dhuibh aig an toiseach mas e gum faodadh “cladhach air ais” a bhith ann
- fios a chumail ribh mu atharrachaidhean sam bith air a’ chùis agaibh a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air seo.
- innse dhuibh cia mheud a dh’fhaodadh a bhith ri pàigheadh agaibh.

Ann an cuid a shuidheachaidhean, mar chùisean ceangailte ri pòsadh no com-pàirteachas sìobhalta, is dòcha gum bi cuid den t-seilbh saor bho ”chladhach air ais”. Bidh na h-ìrean ag atharrachadh a h-uile bliadhna; airson nan àireamhan as ùire, faicibh an làrach-lìn againn www.slab.org.uk no cuiribh fios don Loidhne-fhiosrachaidh againn air 0845 122 8686.

Airson comhairle is cuideachaidh, faodaidh sinn gabhail a steach am biodh pàigheadh às an t-seilbh a chaidh a bhuannachadh no a ghleidheadh ag adhbharachadh teinn mhòr no àmhghar a thoirt oirbh.

Ma bhios againn ris an neach-lagha agaibh a phàigheadh seach nach do phàigh sibh e fhèin à seilbh a ghlèidh no a bhuannaich sibh mar thoradh air a’ chomhairle is a’ chuideachadh a fhuair sibh, tha a’ chòir againn cùis-lagha laghail a ghabhail gus an t-airgead fhaighinn air ais bhuaibh.

Airson taic laghail, chan urrainn dhuinn teinn mhòr a chur anns an àireamh.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

An toir sibh seachad an t-airgead gu lèir a bhunnaicheas no a ghleidheas mi?

Cha toir sinn ach gu leòr gus ruigsinn air beàrn sam bith eadar na phàigh sinn a-mach anns a' chùis agaibh agus:

- cosgaisean sam bith a phàigh an neach-dùbhlain agaibh, agus
- tabhartas sam bith a phàigh sibh fhèin.

Ma chuireas an neach-dùbhlain agaibh dàil ann am pàigheadh nan cosgaisean, cumaidh sinn air ais gu leòr den airgead agaibh a ruigsinn air an t-sùim sin. Cuiridh sinn ann an cunntas le riadh e agus pàighidh sinn an riadh dhuibh.

Ma chumas no ma bhunnaicheas cuideigin an dachaigh aca mar chuid den chùis aca, am biodh aige ri a reic gus an t-sùim a tha gun phàigheadh a phàigheadh?

Cha bhiodh. Iarraidh sinn oirbh ar pàigheadh ann an cuibhreannan.

Air neo dh'fhaodadh sibh dàil a chur sa phàigheadh gus an reic sibh an taigh agaibh – a dh'fhaodadh a bhith bliadhnaichean an dèidh làimhe. Ma nì sibh seo, nuair a reiceas sibh, bidh agaibh ri riadh a phàigheadh air an t-sùim a tha gun phàigheadh cuideachd. Gheibheamaid *urras coitcheann* air an dachaigh agaibh gus a dhèanamh cinnteach gum faigh sinn an t-airgead air a' cheann thall. Faodaidh an neach-lagha agaibh innse dhuibh dè bhios agaibh ri dhèanamh.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

7. Dè na h-uallachaidhean a bhios orm?

Tha taic laghail ga maoinachadh gu poblach, mar sin ma dh'iarraas no ma gheibh sibh a leithid, feumaidh sibh:

- fiosrachadh cruinn a thoirt dhuinn
- innse dhuinn mu atharrachaidhean sam bith air an t-suidheachadh agaibh
- gnìomh a ghabhail ann an dòigh nach bi a' caitheamh airgid.

7.1 Ciamar bu chòir dhomh a' chùis taic laghail agam a ruith?

Bidh sibh fhèin agus an neach-lagha agaibh ag obrachadh a-mach ciamar a ruitheas sibh a' chùis agaibh. Cuimhnichibh a h-uile turas a chuireas sibh fios air an neach-lagha agaibh le ceist, agus a h-uile turas a nì e rudeigin dhuibh (litrichean a sgrìobhadh, coinneamhan a chumail no fònaichean a chur is an leithid), gum faodadh cosgais na cùise agaibh dol suas. Agus is dòcha gum bi agaibh ris na cosgaisean seo air fad no cuid dhiubh a phàigheadh.

Bu chòir dhuibh iarraidh air an neach-lagha agaibh tomhas a dhèanamh de na dh'fhaodadh a' chùis agaibh cosg agus innse dhuibh ma thig atharrachadh air an tomhas seo a rèir mar a thèid a' chùis air adhart. Is e seo as coltaiche a dhèanadh neach-cleachdaidh a' pàigheadh gu prìobhaideach, agus bu chòir dhuibh an rud ceudna a dhèanamh.

Cha bu chòir dhuibh iarraidh air an neach-lagha agaibh a' chùis agaibh a làimhseachadh ann an dòigh a dh'fhaodadh cosgais gun fheum a chruthachadh, mar eisimpleir, a' diùltadh tairgse reusanta mu shocrachadh, no ag atharrachadh bunait na cùise agaibh gun sgr.

Cumaibh conaltradh ris an neach-lagha agaibh, agus thoiribh freagairt gu luath air ceistean sam bith airson fiosrachaidh bhuaithe no bhuainn fhìn.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

7.2 Dè thachras mura innis mi dhuibh mu atharrachaidhean?

Feumaidh am fiosrachadh a nochdas sibh mun t-suidheachadh a tha agaibh a thaobh airgid a bhith coileanta is cruinn. Ma bheir sibh fiosrachadh meallta dhuinn:

- faodaidh sinn stad a chur air an taic laghail agaibh
- is dòcha gum bi agaibh ris a' chosgais ceangailte ris an taic laghail a fhuair sibh airson na cùise agaibh a phàigheadh air ais
- faodaidh gun tèid imeachdan eucorach a ghabhail nur n-aghaidh.

7.3 Dè ma dh'atharraicheas an suidheachadh agam an dèidh dhomh a' bhileag mu mhaoineachadh taic laghail a lionadh a-steach no an dèidh dhuibh taic laghail a thoirt seachad?

Feumaidh sibh innse dhuinn gun dàil mu atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air a' chùis agaibh. Feumaidh sibh seo a dhèanamh ma tha sibh air taic laghail iarraidh is gu bheil sibh fhathast a' feitheamh air co-dhùnadh no ma tha sinn air taic laghail a bhuileachadh oirbh a-cheana.

Dh'fhaodadh na h-atharrachaidhean seo buaidh a thoirt air co dhuibh a tha sibh airidh a thaobh airgid, agus tabhartas sam bith a chuireas tu ri cosgais na cùise àrdachadh no ìsleachadh, a rèir an t-suidheachaidh.

Feumaidh sibh innse dhuinn mu atharrachaidhean sam bith air suidheachadh a' chèile agaibh.

Nuair a chuireas sibh fios thugainn, feuch am bi an comharradh agaibh ri làimh no an toir sibh tarraing air ann an conaltradh sam bith mas e ur toil e.

Feumaidh sibh fhèin agus an neach-lagha agaibh innse dhuinn mu atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air ur càileachd air taic laghail. Feumaidh an neach-lagha agaibh aithisg a thoirt dhuinn gu cunbhalach agus lethbhreac de na h-aithisgean seo a thoirt dhuibh. Ma bhios sinn a' meòrachadh air taic laghail a tharraing air ais mar thoradh air rudeigin sna h-aithisgean seo, bheir sinn an cothrom dhuibh beachd a ghabhail orra.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

7.4 Dè an fhaid a dh'fheumas mi innse dhuibh mu na h-atharrachaidhean seo?

Feumaidh fios a bhith againn mu atharrachadh cudromach sam bith air an teachd-a-steach agaibh san dà mhios deug an dèidh dhuinn an t-iarrtas agaibh fhaotainn, fiù ged nach biodh an neach-lagha agaibh ag obair air a' chùis tuilleadh no a bhiodh a' chùis air tighinn gu ceann.

Feumaidh sibh innse dhuinn gun dàil ma thig àrdachadh de £500 no barrachd no ìsleachadh de £200 no barrachd air an teachd-a-steach agaibh, rè na h-aon bhliadhna.

Cha toir atharrachaidhean air an teachd-a-steach agaibh an dèidh na 12 mìos buaidh air an t-sùm iomlan a phàigheas sibh ged is dòcha gun iarr sinn oirbh a pàigheadh ann an nas lugha (no ann am barrachd) de chuibhreannan.

Feumaidh sibh innse dhuinn ma dh'àrdaicheas an calpa agaibh £500 no barrachd ri linn na cùise agaibh no fhad is a bhios cuibhreannan gam pàigheadh agaibh – a rèir cò as fhaide dhiubh. Dh'fhaodadh atharrachaidhean air calpa ri linn na cùise buaidh a thoirt air tabhartas sam bith a dh'fheumadh sibh cur ri cosgais na cùise agaibh.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

7.5 Eisimpleirean de rudan a dh'fheumas fios a bhith againn mun deidhinn:

- atharrachaidhean air an t-seòladh no air an dreuchd agaibh no air fiosrachadh pearsanta eile
- ma thòisicheas, no ma sguireas, sibh a' faotainn shochairlean
- atharrachaidhean air an teachd-a-steach agaibh no air cosgaisean no sochairlean ceangailte ris an obair agaibh
- gun do thòisich no gun do sguir cuideigin a' fuireach còmhla ribh
- gun d'fhuair no gun do chaill sibh fhèin, no cuideigin os cionn 18 a tha a' fuireach còmhla ribh, obair
- atharrachaidhean air na tha sibh a' pàigheadh air màl, àite-fuirich, mortgage, cìs na comhairle, cumail-suas, cùram-cloinne, siubhal no sgeamaichean pheinnseanan prìobhaideach.
- luach an fhearainn agus nan togalaichean uile a bhuineas dhuibh fhèin no don chèile agaibh ach a-mhàin an dachaigh sa bheil sibh a' fuireach, leas ann an roinn-ama san àireamh
- pàigheadh call-obrach
- airgead a ghabhas toirt air iasad fo phoileasaidhean-àrachais
- luach nithean neo-riatanach mar bhàta, charabhan, chàr eile, seudraidh (ach fàinneachan-pòsaidh is gealladh-pòsaidh), buill-àrsaidheachd no mìrean a cheannaich sibh mar thasgadh
- airgead a tha ri phàigheadh dhuibh fhèin no don chèile agaibh
- rud sam bith a bhuannaich sibh no a chaidh a thoirt dhuibh
- airgead air a chaomhnadh no tasgaidhean de sheòrsa sam bith
- pàigheadh bho àrachas-beatha no a leithid air a bheil luach barrachd is £500 a thàinig gu inbhe
- airgead no seilbh ri phàigheadh à tiomnadh cuideigin a dh'eug
- airgead ri phàigheadh à maoin-urrais
- airgead a ghabhas toirt air iasad an aghaidh maoin-gnìomhachais
- airgead a gheibh sibh bho àite sam bith a chuireas ris an ìre de chalpa a bha agaibh nuair a dh'iarr sibh le £500 no barrachd
- ma thachras càil sam bith eile a bheir buaidh air an t-suidheachadh agaibh a thaobh airgid.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

7.6 Dè thachras nuair a dh'inneas mi dhuibh mu atharrachaidhean?

Cha stad taic laghail fhad is a nì sinn measadh às ùr air ur càileachd; faodaidh an neach-lagha agaibh cumail air leis a' chùis agaibh. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach, ge-tà, gu bheil an t-sùm cheart ga pàigheadh agaibh ri cosgaisean na cùise agaibh.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

8 Am faod mi an neach-lagha agam atharrachadh?

Faodaidh ach feumaidh sinn a bhith cinnteach gu bheil adhbhar math agaibh airson seo, agus gu bheil e fhathast reusanta dhuibh cumail oirbh a' faighinn taic laghail.

Am measg adhbharan tha:

- tinneas no bàs an neach-lagha a tha air a bhith ag obair dhuibh
- gun tug sibh an imrich a-mach bhon sgìre far a bheil an neach-lagha agaibh ag obair, rud a tha ga dhèanamh nas fhreagarraiche dhuibh tadhal air neach-lagha eile.

Cha dòcha gun aontaicheadh ri atharrachadh neach-lagha dìreach airson gun do dh'atharraich sibh ur n-inntinn mu dheidhinn cò a tha sibh ag iarraidh a bhith ag obair dhuibh.

9 Am faod sibh taic laghail a tharraing air ais?

Faodaidh gun cuir sinn romhainn gum bu chòir dhuinn an taic laghail agaibh a tharraing air ais – mar eisimpleir, mas e:

- gun atharraich an suidheachadh agaibh a thaobh airgid gus nach bi sibh airidh tuilleadh
- gu bheil sibh a' tarraing a-mach na cùise gu mì-reusanta
- gun tug sibh aithris mheallta
- nach eil sibh a' pàigheadh tabhartais a chuir sinn oirbh.

Ma thachras seo, bheir sinn an cothrom dhuibh innse dhuinn carson a tha sibh den bheachd nach bu chòir dhuinn taic laghail a tharraing air ais.

lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

10 Dè ma mholas an neach-lagha agam obrachadh dhomh air a cheann fhèin no cosgais a chur orm fhad is a bhios taic laghail agam?

Chan fhaod an neach-lagha agaibh iarraidh oirbh pàigheadh gu prìobhaideach airson obair a rinneadh air cùis a gheibh sibh taic laghail air a son. Chan fhaod e ach iarraidh oirbh pàigheadh airson na cùise airson uairean sam bith nuair nach robh *comhairle is cuideachadh* no *taic laghail chatharra* ann.

Ma bheir sinn cuideachadh laghail dhuibh, faodaidh gum bi aig an neach-lagha agaibh ri aonta fhaighinn bhuainn gus barrachd obrach (leithid fastadh eòlaichean no luchd-tagraidh) a tharraing a-mach. Mura aontaich sinn gun urrainn don neach-lagha agaibh an obair a bharrachd a dhèanamh no barrachd airgid a chosg, chan fhaod e iarraidh oirbh pàigheadh airson seo air leth fhad is a chumas e air le comhairle is cuideachadh, no taic laghail, airson na cùise agaibh.

Ma dhiùltas sinn taic laghail, no ma thig an taic laghail agaibh no comhairle is cuideachadh gu stad, is dòcha gum mol an neach-lagha agaibh a bhith ag obair dhuibh air a cheann fhèin. Ma thachras seo:

- iarraibh air na h-adhbharan air fad ris a seo a chur an cèill
- dèanaibh cinnteach gun tuig sibh is gun aontaich sibh ri cumhaichean na h-obrach aige mus tòisich e ag obair dhuibh.

10.1 A bheil cothrom sam bith agam air cia mheud a phàigheas sibh dhan neach-lagha agam?

Tha na phàigheas sinn luchd-lagha air a shocrachadh a rèir an lagha, is bidh sinn a' sgrùdadh na cùinntasan aca gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an obair a chaidh a dhèanamh agus a' chosgais reusanta.

Lùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

11 Dè ris a dh'fhaodas dùil a bhith agam bho Bhòrd Taic Laghail na h-Alba?

Airson nan inbhean mu sheirbheisean againn faicibh an làrach-lìn againn www.slab.org.uk.

11.1 Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?

Faicibh a bhileag againn “Cothrom air fiosrachadh” a tha ri fhaotainn air an làrach-lìn againn www.slab.org.uk.

12 Dè ris a dh'fhaodas dùil a bhith agam bhon neach-lagha agam?

Bu chòir don neach-lagha agaibh:

- mineachadh a thoirt mu na bhios taic laghail a' ciallachadh dhuibh – na dh'fhaodas tighinn ort gus pàigheadh airson na cùise agaibh san àireamh
- gnothach a ghabhail ris a' chùis agaibh anns a' mhodh as èifeachdaiche a tha ann
- fios a chumail ribh mu na tha a' tachairt leis an iarrtas agaibh mu thaic laghail agus leis a' chùis agaibh.

Bidh an taic laghail agaibh a' ruigsinn air na cosgaisean air fad anns a' chùis agaibh, airson na h-ùine a bhios taic laghail ann, cosgais eòlaichean no luchd-tagraidh nuair a chuir sinn aonta riutha seo san àireamh. Cha bu chòir don neach-lagha agaibh iarraidh oirbh a phàigheadh airson dad sam bith anns a' chùis, ach a-mhàin tabhartas sam bith a mheasadh airson comhairle is cuideachaidh. Gun teagamh, faodaidh gum bi agaibh ris na sùimean air an ainmeachadh ann an earrann 6 a phàigheadh dhuinn.

12.1 Dè mura bheil mi riarachta leis na rinn sibh fhèin no an neach-lagha agam?

Tha a bhileag againn *Gearanan is beachdan mu Bhòrd Taic Laghail na h-Alba* a' mineachadh mu mhodh-obrachaidh nan gearan againn agus cò dha a thogas sibh gearan mu dhaoine fa leth no eagrachaidhean. Gus seo fhaotainn faicibh am fiosrachadh mar deidhinn air a' chòmhdach-aghaidh an taobh a-staigh a bhileag seo. Air neo gheibh sibh a bhileag air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk.

Iùl mu thaic laghail chatharra – fiosrachadh do luchd-tagraidh

Mas e ur toil e:

- cumaibh a bhileag seo ann an àite sàbhailte air am faigh sibh cothrom a-rithist
- leughaidh a bhileag seo gu faiceallach mus lìon sibh a-steach a' bhileag mu a bhith airidh a thaobh airgid airson taic laghail chatharra
- bruidhnibh rinn mu chàil sam bith nach eil sibh a' tuigsinn mu bhith airidh a thaobh airgid no mu na bileagan-airgid a dh'fheumas sibh lìonadh a-steach, faodaidh sibh sgairt air an aonad-mheasaidh airgid againn air 0845 123 2330
- bruidhnibh ris an neach-lagha agaibh mu chàil sam bith nach eil sibh a' tuigsinn mun chùis agaibh, cho luath agus a ghabhas, nas fheàrr buileach mus iarr sibh air obair sam bith a dhèanamh dhuibh fo thaic laghail, agus mus pàigh sibh a' chiad chuibhreann de thabhartas sam bith, tha e cudromach gun tuig sibh dè dh'fheumadh sibh pàigheadh
- cumaibh an comharradh agaibh ri làimh nuair a chuireas sibh fios thugainn agus thoiribh tarraing air ann an conaltradh sam bith.

Gus an bileagan seo fhaotainn ann an cuid de chànanan eile, ann am Braille no sa chlà mhòr no air CD, cuiribh fios thugainn a rèir an fhiosrachaidh air a' chòmhdach-aghaidh air an taobh a-staigh.

CIV-INFO-Giblean / 2010